

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodny.macleon@bbc.co.uk](mailto:rodny.macleon@bbc.co.uk). This is Litir 465. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 161 corresponds to Litir 465.*

Chan e Calum Cille an aon duine a cheanglas Alba ri Gleann Cholm Cille ann an ceann an iar-thuath na h-Èireann. Tha cuid dhen bheachd gu robh fear ann san ochdamh linn deug air an robh Seárlas Óg ann an Gaeilge. 'S e sin Teàrlach Òg Stiùbhart – no *Bonny Prince Charlie*. Uill, a bheil e fìor? An robh e ann?

Tha an stòiridh a' dol air ais don t-samhradh seachd ceud deug ceathrad 's a sia (1746), beagan mhìosan às dèidh Blàr Chùil Lodair, far an do chaill na Seumasaich gu dubh. Tha muinntir na h-Alba dhen bheachd gun robh Teàrlach Òg air seachran airson ùine às dèidh Chùil Lodair air a' Ghàidhealtachd againne. Aig a' cheann thall, thàinig long-chogaidh Fhrangach air a shon agus sheòl e gu ruige an Fhraing.

Ach tha beul-aithris ann an Gleann Cholm Cille a' cur gleans eile air an stòiridh. As t-samhradh seachd ceud deug ceathrad 's a sia (1746) thàinig srainnsear àrd eireachdail don sgìre. Bha searbhant còmhla ris. Bha iad a' fuireach an toiseach ann am baile beag iomallach ris an canar Gleann Locha.

Ach cha do dh'fhuirich iad an sin fada. Ghluais iad gu taigh eile ann am baile eile. An uair sin ghluais iad gu taigh eile **ann am baile eile a-rithist**. An-diugh, innsidh muinntir an àite gu dè na taighean don deach iad agus cò na daoine leis an robh iad a' fuireach.

Tha e an ìre mhath cinnteach gur e Seumasach a bh' anns an duin-usal. Gach latha bhiodh e fhèin is a shearbhant a' dol a-mach gu rubha far am faigheadh iad sealladh math air a' mhuir. Gach latha bhiodh iad a' tilleadh dhachaigh gun sealladh **air an luing** a bha a' dol gan toirt air falbh.

Às dèidh beagan seachdainean ann am baile ris an canar Málainn Mhóir dh'èirich an dithis latha a bha seo. Dh'innis iad don teaghlach a bh' air àite-fuirich a thoirt dhaibh gun robh iad a' falbh. Thug iad sporan de dh'òr don teaghlach agus chaidh iad gu baile eile airson na h-oidhche. Air an làrna-mhàireach rinn iad mocheirigh agus chaidh iad sìos gu Poll an Uisce – àite air a' chladach. Tha Poll an Uisce furasta aithneachadh bhon mhuir oir tha stac mara – ris an canar *an Tor Mór* – faisg air làimh. Thàinig long a-steach agus chaidh an dithis air bòrd. Dh'fhalbh iad a dh'ionnsaigh na Frainge.

Uill, cò bha anns an t-srainnsear? A-rèir beul-aithris, 's e Teàrlach Òg fhèin a bh' ann. An robh cuideigin eile, ma-thà, air a dhol na riochd ann an Alba? An robhar a' toirt a' chreidsinn don arm dhearg gun robh am Prionnsa fhathast ann an Alba – nuair a bha e ann an dha-rìribh ann an Èirinn?!

'S e deagh stòiridh a th' ann, agus chan urrainn dhomh a ràdh co-dhiù tha susbaint mhòr sam bith ann. Ma dh'fhaodte gur e dìreach fear de dh'àrd-urrachan nan Seumasach a bh' anns an t-srainnsear. Ach tha òran a bhuineas don sgìre air a bheil *Lá Chois Cuain*. 'S e òran gaoil a th' ann. Anns an òran tha fear a' feitheamh fad ùine ri long a bheir e fhèin is a leannan còmhla. Agus tha feadhainn ag ràdh fhathast gu bheil an t-òran a' dèanamh tuairisgeul air Teàrlach Òg fhèin, a bha am falach ann an Gleann Cholm Cille às dèidh Chùil Lodair.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** Teàrlach Òg Stiùbhart: *Bonny Prince Charlie*; samhradh: *summer*; searbhant: *servant*; an toiseach: *to begin with*; buachaille: *herdsman*; iomallach: *remote*.

**Abairtean na Litreach:** beagan mhìosan às dèidh Blàr Chùil Lodair: *a few months after the Battle of Culloden*; far an do chaill na Seumasaich gu dubh: *where the Jacobites suffered a terrible loss*; air seachran airson ùine: *wandering for a time*; air a' Ghàidhealtachd againne: *in our [ie not the Irish] Gaidhealtachd*; thàinig long-chogaidh Fhrangach air a shon: *a French warship came for him*; sheòl e gu ruige an Fhraing: *he sailed to France*; gleans eile air an stòiridh: *another sheen on the story*; srainnsear àrd eireachdail: *a tall handsome stranger*; ris an canar Gleann Locha: *called Gleann Locha*; cha do dh'fhuirich iad an sin fada: *they didn't stay there long*; ghluais iad gu taigh eile: *they moved to another house*; gur e Seumasach a bh' anns an duin-usal: *that the gentleman was a Jacobite*; gu rubha far am faigheadh iad sealladh math air a' mhuir: *to a promontory where they would get a good view of the sea*; bhiodh iad a' tilleadh dhachaigh: *they would come [be coming] home*; dh'èirich an dithis latha a bha seo: *the two men rose this particular day*; a bh' air àite-fuirich a thoirt dhaibh: *who had given them a place to stay*; sporan de dh'òr: *a purse of gold*; air an làrna-mhàireach rinn iad mocheirigh: *the next day they rose early*; furasta aithneachadh bhon mhuir: *easy to recognise from the sea*; an robh cuideigin eile air a dhol na riochd?: *had somebody else impersonated him?*; an robhar a' toirt a' chreidsinn don arm dhearg gun robh am Prionnsa fhathast ann an Alba?: *were they pretending to the British army [red army] that the Prince was still in Scotland?*; co-dhiù tha susbaint mhòr sam bith ann: *whether or not it has any great substance*; fear de dh'àrd-urrachan nan Seumasach: *one of the Jacobite leaders*; a bheir e fhèin is a leannan còmhla: *which will bring him and his sweetheart together*; a' dèanamh tuairisgeul air Teàrlach Òg fhèin: *describing Bonny Prince Charlie himself*.

**Puing-chànain na Litreach:** gun sealladh **air an luìng** a bha a' dol gan toirt air falbh: *without a view of [on] the ship that was going to take them away. Although ship is in the genitive in the English idiom [a view of the ship], note that the Gaelic preposition air puts long [ship] in the dative case. The same would be the case had I said gun sealladh dhen luìng. If I had said gun sealladh na luinge – then long would be in the genitive. And why is long slenderised to luìng in the dative singular (at least in traditional usage)? Because it is a feminine noun. This is a grammatical rule (but not always observed today) attested by the traditional children's rhyme "Air an Luìng Èireannaich" ["On the Irish Ship"]*.

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** ann am baile eile a-rithist: *in yet another village*.

*\* Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinachadh le Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig*